



Forestry and
Land Scotland
Coilltearachd agus
Fearann Alba

Plana Gàidhlig 2022-2027

Ro-ràdh

Tha mi toilichte a’ chiad Phlana Ghàidhlig againn fhoillseachadh, a tha a’ mìneachadh nan gealltanasan againn a thaobh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha Coilltearachd agus Fearann Alba ag aithneachadh gu bheil a’ Ghàidhlig na pàirt chudromach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha sinn air gealltainn cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum bi a’ Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha a’ Ghàidhlig fìor chudromach sa chruth-tìre againn cuideachd. Tha tòrr de na coilltean agus den fhearann a bhios sinn a’ stiùireadh air am bogadh ann an dualchas na Gàidhlig agus tha ainmean Gàidhlig orra a tha a’ toirt tuairisgeul air an coltas, an cruinn-eòlas no a tha a’ sealltainn cho cudromach ‘s a tha iad ann an cultar na Gàidhlig. Tha seo gu sònraichte cudromach dhuinn oir tha ainmean nan litrichean ann an aibidil na Gàidhlig stèidhichte air ainmean craobhan dùthchasach na h-Alba. Tha na h-ainmean seo a’ sealltainn gun robh a’ Ghàidhlig na cànan coimhearsnachd, agus gu bheil i fhathast ann an iomadh àite ann an Alba.

Coltach ris na planaichean aig buidhnean poblach eile, tha am plana againn a’ cur an cèill mar a bhios sinn a’ coileanadh trì ‘Prìomh Phrionnsabalan’ a thaobh na Gàidhlig. ‘S e a’ chiad fhear dhiubh ‘Spèis Cho-ionann’, ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a’ Bheurla. ‘S e an dàrna fear ‘Tairgse gnìomhach’, a’ tairgsinn nan seirbheisean Gàidhlig againn gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. ‘S e an treas prionnsabal ‘Àbhaisteachadh’, a’ dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig a’ phoball agus aig an luchd-obrach againn gus Gàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, a’ cumail taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi a’ Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean. Tha sinn air deagh sheata de cheuman a thogail a chuireas ri ar dealas do na prionnsapalan sin agus a dhaingnicheas agus a mheudaicheas ar n-obair a thaobh na Gàidhlig.

Bu mhath leam an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt dhaibhsan a chur a-steach freagairt dhan cho-chomhairle againn air an sgrìobhainn chudromaich seo; do cho-obraichean air feadh Coilltearachd agus Fearann Alba a tha air a bhith ag obair gu cruaidh gus am plana a chruthachadh; agus cuideachd do cho-oibrichean aig Bòrd na Gàidhlig a thug seachad deagh fhios air-ais-tron phròiseas leasachaidh.

Simon Hodgson

Àrd-oifigear

Coilltearachd agus Fearann Alba

Clàr-innse

1. Facal-tòiseachaidh
2. Prìomh phrionnsabalan
3. Gealltanasan a' Phlana
4. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta
5. Foillseachadh
6. A' goireasachadh a' Phlana
7. A' sgrùdadh a' Phlana
8. Am Plana Gàidhlig ann am FLS
9. Eàrr-ràdh 1 - Toraidhean na Co-chomhairle

1. Facal-tòiseachaidh

Chaidh Coilltearachd is Fearann Alba (*Forestry and Land Scotland* - FLS) a stèidheachadh mar bhuidheann-gnìomh aig Riaghaltas na h-Alba air 1 Giblean 2019. Tha sinn an urra ri bhith a' stiùireadh choilltean agus fearann nàiseanta na h-Alba, sgìre de 640,000 heactair uile gu lèir, 9% de thalamh na h-Alba, ann an dòigh a bheir taic agus comas do choilltearachd a tha seasmhach gu h-eaconamach; a' glèidheadh agus ag adhartachadh na h-àrainneachd agus a' libhrigeadh bhuannachdan do dhaoine agus do nàdar.

'S e am misean againn a bhith 'a' coimhead às dèidh choilltean is fearann na h-Alba a chum leas a h-uile duine, san latha an-diugh airson an àm ri teachd'. Tha an lèirsinn againn 'coilltean agus fearann às am faod Alba a bhith moiteil' a' tighinn às a seo.

Tha sinn air còig builean chorporra a sgrìobhadh a tha a' mìneachadh na tha sinn an dùil coileanadh tron phrògram obrach againn. Tha iad air am mìneachadh ann am barrachd doimhneachd sa Phlana Chorporra againn. Airson gach Buil Corporra, tha sinn air sreath de ghnìomhan agus prìomh raointean obrach a chruthachadh, a dh'fheumas a bhith air an coileanadh gus lèirsinn agus misean na buidhne a thoirt seachad.

Tha beagan is 1,000 luchd-obrach air am fastadh le Coilltearachd agus Fearann Alba ann an diofar dhreuchdan air feadh na h-Alba. Tha còig roinnean againn, le taic bho oifisean nàiseanta ann an Dùn Èideann agus Inbhir Nis.

Tha Coilltearachd agus Fearann Alba eadar-dhealaichte ris a' mhòr-chuid de bhuidhnean poblach eile ann an Alba oir bidh sinn a' cosnadh tòrr den teachd a-steach againn gus taic a chumail ri stiùireadh agus leasachadh choilltean agus fearann nàiseanta na h-Alba. Tha seo air a dhèanamh gu h-àraidh tro ghnìomhachd malairt choimeirsealta leithid reic fiodha, cumhachd ath-nuadhachail, cur-seachad agus màil. Cleachdaidh sinn an teachd a-steach seo gus tasgadh ann an gnìomhan, mar eisimpleir, leudachadh nan choilltean, ach cuideachd gus modail seasmhach a chruthachadh gus na choilltean agus am fearann nàiseanta a dhìon san ùine fhada. A bharrachd air seo, gheibh sinn maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Leis gu bheil sinn nar buidheann le fòcas obrachaidh a tha an sàs ann an gnìomhachd malairt choimeirsealta, tha Coilltearachd agus Fearann Alba air a mheas mar Chorporaid Phoblach fon mhìneachadh a shuidhich Oifis na Stadaistig Nàiseanta.

1.1 A' Ghàidhlig taobh a-staigh Coilltearachd agus Fearann Alba

Dh'obraich a' bhuidheann a bha ann romhainn, Iomairt Coilltearachd Alba, gu dlùth le Coimisean na Coilltearachd Alba air sgrìobhadh is cur an gnìomh Plana Gàidhlig. Air fhoillseachadh ann an 2017, chuir e an cèill mar a bha na buidhnean airson:

- Gàidhlig a chleachdadh anns na prìomh dhleastanasan againn
- Cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a’ phoball agus le prìomh chom-pàirtichean a chur an comas
- Gàidhlig a bhrosnachadh is a leasachadh taobh a-staigh na buidhne

Mar sin, tha deagh thoiseach tòiseachaidh air a bhith aig Coilltearachd agus Fearann Alba a thaobh cleachdadh agus cur an comas cleachdadh na Gàidhlig; cho math ri brosnachadh agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne. Tha seo a’ gabhail a-steach:

- Sgrìobhainnean Corporra le earrannan air an eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig (m.e. Plana Corporra, Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan).
- Soidhnichean ann am prìomh àiteachan a’ gabhail a-steach oifisean Roinneil agus coilltean air an stiùireadh le Coilltearachd agus Fearann Alba.
- Suaicheantas dà-chànanach air an làraich-lìn agus air sgrìobhainnean corporra.
- Tha stuthan Gàidhlig sònraichte air an làraich-lìn a-muigh againn, a’ gabhail a-steach stuthan ionnsachaidh airson aibidil na Gàidhlig a thaobh chraobhan agus eachdraidh de dh’àiteachan Gàidhlig.
- Cothrom Gàidhlig a bhrosnachadh tro na seanailean meadhanan sòisealta againn; tro fhiosan naidheachd agus tron obair Ghàidhlig againn.
- Ag obair le ar co-obraichean ann an Riaghaltas na h-Alba agus san roinn phoblaich tron bhuidhinn G-mòr.

Tha sinn cuideachd a’ fastadh Oifigear Gàidhlig aig an àm seo a bhios a’ stiùireadh cur an gnìomh, sgrùdadh agus ath-sgrùdadh a’ phlana seo. Bidh dleastanasan sònraichte cuideachd a’ gabhail a-steach:

- A’ planadh, a’ cruthachadh agus a’ buileachadh phlanaichean conaltraidh airson luchd-ùidh gus taic a thoirt do na builean corporra againn, a bharrachd air gnìomhan agus tachartasan sònraichte, le iomradh sònraichte air lìbhrigeadh a’ Phlana Ghàidhlig againn;
- A’ conaltradh le co-obraichean gus pròiseactan agus gnìomhan a chomharrachadh far a bheil conaltradh a dhìth le luchd-ùidh an dàrna cuid tro mheadhan na Gàidhlig no co-cheangailte ris a’ Ghàidhlig;
- A’ togail tuigse làidir air luchd-amais air an taobh a-staigh a thaobh na Gàidhlig; A’ cleachdadh an eòlais seo gus dèanamh cinnteach gu bheil an cruth, an tòn, an cànan agus na seanailean a thathar a’ cleachdadh airson conaltradh air an taobh a-staigh sa Ghàidhlig no co-cheangailte ris a’ Ghàidhlig furasta a ruigsinn agus a leughadh le farsaingeachd de bhuidhnean luchd-obrach.
- A’ sgrìobhadh agus a’ deasachadh chonaltraidhean sa Ghàidhlig, a’ gabhail a-steach litrichean, òraidean agus foillseachaidhean corporra.
- A’ toirt seachad comhairle air eadar-theangachadh Gàidhlig agus a’ dèanamh obair eadar-theangachaidh.
- A’ stiùireadh susbaint air-loidhne sa Ghàidhlig.
- A’ cumail sùil air naidheachdan co-cheangailte ris a’ Ghàidhlig agus tachartasan naidheachd a dh’fhaodadh buaidh a thoirt air lìbhrigeadh a’ Phlana Ghàidhlig againn.

- A’ dèiligeadh ri ceistean bho na meadhanan ann an Gàidhlig, a’ gabhail a-steach feadhainn a tha toinnte, doirbh no connspaideach, a’ conaltradh le co-obraichean gus freagairtean ceart agus tìmeil a thoirt seachad;
- A’ cruthachadh farsaingeachd de theacs ceart agus air a dheagh sgrìobhadh an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla airson cleachdadh ann an diofar shianalan sna meadhanan.

1.2. GÀIDHLIG ANN AN ALBA

A rèir Cunntas-sluaigh 2011, bha sgìlean Gàidhlig aig mu 87,000 duine aois 3 is nas sine ann an Alba (mu 1.7% den t-sluagh). B’ iad Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Baile Ghlaschu na sgìrean comhairle leis an àireamh as motha de dhaoine aig an robh comasan Gàidhlig¹. Sheall an Cunntas-sluaigh cuideachd gu bheil mu 50% de luchd-labhairt na Gàidhlig a’ fuireach air a’ Ghàidhealtachd agus sna na h-Eileanan, agus mu 50% a’ fuireach sa chòrr den dùthaich.

Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn ann an iomadh ùghdarras ionadail, a’ toirt cothrom do chloinn gluasad bho na tràth-bhliadhnaichean gu foghlam bun-sgoile is àrd-sgoile. Bha 6,197 sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns a’ bhliadhna sgoile 2019/20. A bharrachd air seo, bha 103 bun-sgoiltean ann am foghlam tro mheadhan na Beurla a’ teagasg na Gàidhlig mar chànan a bharrachd agus bha 3,605 sgoilearan anns an àrd-sgoil ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chuspair.²

Nuair a chaidh am plana seo a sgrìobhadh, bha Planaichean Gàidhlig aig 57 ùghdarrasan poblach ann an Alba. Tha na planaichean seo a’ mìneachadh mar a chleachdas buidhnean a’ Ghàidhlig agus a chuireas iad cleachdadh na Gàidhlig an comas a thaobh nam prìomh raointean obrach aca.

1.3 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a’ Bheurla.

’S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a’ toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a’ Ghàidhlig, le bhith a’ togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a’ cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

¹ Clàran Nàiseanta na h-Alba, SP13/2011, Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011: Aithisg na Gàidhlig (pàirt 1), td6

² Bord na Gàidhlig, Dàta Foghlam Gàidhlig 2019/20

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Coilltearachd agus Fearann Alba a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig Coilltearachd agus Fearann Alba a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* is air an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

1.4 Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha taic Coilltearachd agus Fearann Alba ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2018-23 “gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean”.

Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh tro bhith a' cur fòcas air obair anns na trì cinn seo:-

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn
- A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn
- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

1.5 In-sgrùdadh air Comas Cànain

Nithear In-sgrùdadh air Comas Cànain san Earrach 2023. Bheir seo seachad am mion-fhiosrachadh a leanas:

- Àireamh an luchd-obrach aig Coilltearachd agus Fearann Alba aig a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn, leughadh, sgrìobhadh no a thuigsinn agus an ìre aig a bheil na sgilean cànain sin.
- Àireamh luchd-obrach Coilltearachd agus Fearann Alba a tha a' dèanamh trèanadh ann an sgilean Gàidhlig (gu pearsanta no san àite obrach) agus an àireamh a tha air ùidh a nochdadh ann an trèanadh mar seo.
- Na roinnean agus/no àiteachan taobh a-staigh Coilltearachd agus Fearann Alba anns a bheil an luchd-obrach seo ag obair.
- Àireamh nan dreuchdan a tha air an comharrachadh mar-thà far a bheil a' Ghàidhlig na sgil obrach riatanach no buannachdail.
- Na seirbheisean no pròiseasan air an taobh a-staigh a tha air an dèanamh tro mheadhan na Gàidhlig mar-thà.

1.6 Co-chomhairleachadh air an Dreachd Plana Gàidhlig

A rèir Achd 2005, feumaidh ùghdarrasan poblach co-chomhairle a chumail air an dreachd Plana Gàidhlig mus tèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Chaidh a’ cho-chomhairle air dreachd Plana Gàidhlig Coilltearachd agus Fearann Alba a chumail eadar an t-Samhain 2021 agus am Faoilleach 2022. A dh’aindeoin ìre freagairt ìosal (sia freagairtean) bha na prìomh thoraidhean bhon cho-chomhairle mar a leanas:

- **Ionnsachadh** – Fhreagair luchd-ùidh gu fàbharach a thaobh a’ mholaidh a thaobh ionnsachadh sa phlana. Am measg nam molaidhean bha gum bu chòir aplacaidean mar ‘Duolingo’ a bhith air am brosnachadh agus gum bu chòir cùrsaichean eachdraidheil a bhith rim faighinn dhan luchd-obrach.
- **Mothachadh** – Bha taic làidir ann airson a bhith a’ ruith seiseanan mothachaidh dhan luchd-obrach a-rithist. Tha an gnìomh seo mar phàirt den phlana mar-thà.
- **Làrach-lìn** – Mhol luchd-fhreagairt gum bu chòir dhuinn beachdachadh air Gàidhlig a chleachdadh ann am mìneachadh dualchais air duilleagan-lìn a’ gabhail a-steach faidhlichean fuaim gus taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus cuideachd gus eòlas air a’ chànan a thoirt do dhaoine aig nach eil Gàidhlig ann an dòigh tharraingeach.
- **Fiosrachadh** – A thaobh Fèilltean Dhreuchdan chaidh a mholadh gum bu chòir taic a thoirt do dh’fhèilltean dreuchd Gàidhlig sònraichte, le luchd-obrach air am brosnachadh a bhith an làthair còmhla ri luchd-obrach le Gàidhlig a tha deònach an sgilean cànan a chleachdadh gus a’ bhuidheann adhartachadh.
- **Soidhnichean** – Chuir a’ mhòr-chuid den luchd-freagairt fàilte air a’ phlana a chaidh a mholadh gus soidhnichean dà-chànanach a chuir an àite seann shoidhnichean taobh a-staigh ‘Prìomh sgìrean agus sgìrean iomallach’ nuair a thathar gu bhith gan ùrachadh ach bha draghan ann nach biodh soidhnichean air an dèanamh dà-chànanach ach a-mhàin anns na ‘prìomh sgìrean is sgìrean iomallach’.

Gheibhear làn fhiosrachadh mun cho-chomhairle ann an Eàrr-ràdh 2.

2. Prìomh phrionnsabalan

2.1 Spèis cho-ionann

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair acasan.

Nì Coilltearachd is Fearann Alba, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

2.2 Tairgse Ghnìomhach

Bidh Coilltearachd is Fearann Alba a' tairgsinn nan seirbheisean Gàidhlig againn gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gum bi luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh mas e sin a thaghas iad.

'S e an t-amas againn dèanamh cinnteach gum bi na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

2.3 Àbhaisteachadh

Nì Coilltearachd agus Fearann na h-Alba cinnteach gum bi cothroman dhan phoball agus dhan luchd-obrach againn a' Ghàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, mar thaic ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

3. Gealltanasan a' Phlana

3.1 Na Gealltanasan Àrd-ìre againn

Fhad 's a bhathar a' cruthachadh a' phlana seo, dh'obraich sinn gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig gus na ceithir Amasan Àrd Ìre a chruthachadh. Tha iad seo nan gnìomhan ro-innleachdail dlùth-cheangailte ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018 – 2023 agus a' tighinn fo na roinnean 'a' cleachdadh na Gàidhlig', 'ag Ionnsachadh na Gàidhlig', agus 'a' brosnachadh na Gàidhlig'.

A' cleachdadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Tro gach taobh de dh'obair Coilltearachd agus Fearann Alba, sealltainn gu bheil a' cur ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23, 'Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsaing de shuidheachaidhean', a' gabhail a-steach seirbheisean do luchd-tadhail agus coimhearsnachdan.	A rèir an amais fharsaing, 'gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsaing de shuidheachaidhean', obraichidh Coilltearachd agus Fearann Alba gu dèanamh cinnteach gum bi beachdan fàbharach dhan Gàidhlig san àite-obrach tro bhith a' toirt spèis ch-ionann dhan Gàidhlig agus dhan Bheurla anns na seirbheisean is goireasan uile a th' againn.	Tha cuid de na soidhnichean dà-chànanach agus tha cuid de na sgrìobhainnean againn rim faighinn sa Ghàidhlig. Tha pàirtean de chuid de na sgrìobhainnean dà-chànanach cuideachd.	Cuiridh sinn ri cleachdadh na Gàidhlig ann an sgrìobhainnean Corporra agus air an làraich-lìn againn. Beachdaichidh sinn cuideachd air gach iarrtas airson eadar-theangachadh, agus obraich taobh a-staigh na buidhne gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus mothachadh àrdachadh.	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach.	Bheir Foincseanan Gnìomhachais agus Roinnean eile do taic do Sheirbheisean Corporra nuair a bhios seo a dhìth.
Dèan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a fighe a-steach ann an structar corporra Coilltearachd is Fearann Alba, a' gabhail	Tha a' Ghàidhlig air a fighe a-steach thar structar corporra Coilltearachd is Fearann Alba.	Tha earrannan Gàidhlig ann an cuid de sgrìobhainnean corporra (m.e. Plana Corporra, Aithisg Bhliadhnail agus	Cuiridh sinn ris an uiread de phàipearan Corporra far a bheil Gàidhlig ann, a' gabhail a-steach Planaichean Gnìomhachais Bliadhnail	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach	Seirbheisean Corporra

Amas Àrd-ìre	Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
a-steach ach gun a bhith cuibhrichte ri, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a' nochdadh ann am planaichean is poileasaidhean corporra is gnìomhachais na buidhne.		Cunntasan). Tha a' Ghàidhlig air a h-ainmeachadh mar ghnìomh anns a' Phlana Chorporra agus ann am Planaichean Gnìomhachais Tha ro-ràdh Gàidhlig anns a' Phlana Chorporra cuideachd.	Coilltearachd agus Fearann Alba, Plana na Pàrantachd Corporra agus an Sgrìobhainn Frèama. Bheir sinn barrachd fiosrachaidh seachad mun Ghàidhlig anns an ath Phlana Chorporra cuideachd (2025-28).		

Ag ionnsachadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Cuir Gàidhlig anns na h-ìomairtean aig Coilltearachd is Fearann Alba agus feuch ri sgìlean Gàidhlig a thoirt air adhart taobh a-staigh, a bharrachd air taobh a-muigh, na buidhne.	Feuch ri daoine aig gach aois a bhrosnachadh le dualchas cultarach beartach na h-Alba, agus leis an àrainneachd eachdraidheil.	Tha Coilltearachd agus Fearann Alba air rùnachadh Gàidhlig a bhrosnachadh cho math ri bhith a' beachdachadh air iarrrtasan Gàidhlig. Tha grunn ghoireasan Gàidhlig rim faighinn air an làraich-lìn againn a' gabhail a-steach postair 'Aibidil Ghàidhlig tro Chraobhan', agus 'A Thogail Dùn' goireas ionnsachaidh arc-eòlais.	Brosnaichidh sinn seirbheisean agus goireasan Gàidhlig a th' ann mar-thà gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd na Gàidhlig gu bheil iad ann agus gus bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh, cho math ri sgrùdadh air sgìlean Gàidhlig an luchd-obrach gus plana trèanaidh an luchd-obrach fhiosrachadh.	Bliadhna 1	Seirbheisean Corporra - air a stiùireadh le Oifigear Gàidhlig agus le Sgioba nan Daoine.

A' brosnachadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Aithnich agus broснаich cleachdadh na Gàidhlig tro obair Coilltearachd is Fearann Alba gus taic a chumail ri eaconomaidh dhùthchail sheasmhach, fàs gnìomhachas seasmhach, cothroman leasachaidh, obraichean agus tasgadh.	Thathar a' cur an gnìomh agus a' taisbeanadh ghealltanasan ann am plana Gàidhlig Choilltearachd agus Fearann Alba tron obair air fad againn.	Tha taic ga shealltainn an-dràsta tro shoidhnichean dà-chànanach, co-obrachadh le buidhnean obrach aig Riaghaltas na h-Alba, agus brosnachadh tro na seanailean uile againn agus tro sgrìobhainnean corporra.	Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh faicsinneachd na Gàidhlig tro shoidhnichean air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh, a' dèanamh cinnteach gu bheil slat-tomhais ann airson ìre iomchaidh de Ghàidhlig a bhith ann am foillseachaidhean, iomairt shanasachd agus tachartas, agus gu bheil dòigh-obrach chunbhalach ann tron bhuidhinn air fad.	Bliadhna 2 - 3	Seirbheisean Corporra - air a stiùireadh le Oifigear Gàidhlig

3.2 Amasan Seirbheisean Corporra

A bharrachd air na h-Amasan Àrd-ìre, tha Bòrd na Gàidhlig air seata de dh'Amasan Seirbheis Corporra bun-tomhasaichte a chur ri chèile a thèid a chur gu ùghdarrasan poblach leis an amas prìomh sheirbheisean Gàidhlig a chur air dòigh thar ùine thar na roinne poblach. Tha adhartas a dh'ionnsaigh lìbhrigeadh Amasan Seirbheis Chorporra na prìomh phàirt de riatanasan Sgrùdaidh Bliadhna a' Bhùird airson gach ùghdarras poblach.

Inbhe

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Suaicheantas agus brand Cuir cruth air an t-suaicheantas chorporra agus air a' bhrannadhadh an dà chuid ann an Gàidhlig agus	Tha an suaicheantas agus am branndadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Tha an suaicheantas a'	Leanaidh sinn oirnn leis an dòigh-obrach làithrich	Leantainneach	Seirbheisean Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhith	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Beurla aig a’ chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir dhan t-suaicheantas an aon ìre follaiseachd a thoirt dhan dà chànan.	toirt an aon ìre follaiseachd dhan dà chànan.			
Soidhnichean Bidh soidhnichean follaiseach a’ gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.	Tha soidhnichean ann am prìomh làraichean a’ gabhail a-steach Gàidhlig is Beurla. M.e. Inbhir Nis, oifisean roinneil agus coilltean air an stiùireadh le Coilltearachd agus Fearann Alba. Tha duilleag speac ann a thaobh cleachdadh na Gàidhlig airson nan soidhnichean corporra againn uile. Tha seo a’ gabhail a-steach mapa a tha a’ sealltainn nam prìomh roinnean agus nan roinnean iomallach, far am bi Gàidhlig anns na soidhnichean, le diofar eisimpleirean air mar a thèid Gàidhlig a chleachdadh. Tha Gàidhlig cuideachd mar phàirt den mhòr-chuid de na pannalan fiosrachaidh is cobhair againn, anns an aon dòigh ris na nithean clò-bhuailte, agus stèidhichte air na h-aon phrionnsabalan ris an stiùireadh agus plana air soidhnichean Bidh branndadh dà-chànanach air sgeadachadh nan carbadan ann an cuid de sgìrean.	Obraichidh sinn le Bòrd na Gàidhlig gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air an sgrìobhainn ‘Prìomh sgìrean is sgìrean iomallach’ a tha a’ mìneachadh far an cleachd sinn soidhnichean Gàidhlig no dà-chànanach.	Bliadhna 1	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan
Soidhnichean a’ leantainn.	Mar gu h-àrd	Bidh a h-uile soidhne follaiseach anns an sgrìobhainn ath-sgrùdaichte ‘Prìomh àiteachan agus àiteachan iomallach’ againn	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
		air an dèanamh dà-chànanach air stèidh ath-nuadhachaidh.		
Soidhnichean a' leantainn.	Mar gu h-àrd	Às dèidh dhuinn ath-sgrùdadh a dhèanamh air an sgrìobhainn 'Prìomh sgìrean is sgìrean iomallach', cumaidh sinn oirnn dèanamh cinnteach gu bheil a' brosnachadh seo air feadh na buidhne gus am bi soidhnichean corporra anns na h-àiteachan aonaichte dà-chànanach.	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach.	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan
Soidhnichean a' leantainn.	Mar gu h-àrd	Cumaidh sinn oirnn leis an dòigh-obrach againn a thaobh sgeadachadh charbadan dà-chànanach, a' leudachadh seo air feadh na dùthcha, nuair a thathar ag ùrachadh nan carbadan.	Bliadhna 2	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan
Soidhnichean a' leantainn.	Mar gu h-àrd	Nì sinn ath-sgrùdadh a bharrachd agus leudachaidh sinn na prìomh raointean agus na raointean iomallach aontaichte.	Bliadhna 5	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan

Conaltradh leis a' phoball

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Brosnachadh Teachdaireachd gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball daonnan.	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Cuiridh sinn pròiseas air dòigh taobh a-staigh na buidhne airson a bhith a' freagairt chonaltraidhean Gàidhlig bhon phoball. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach seòladh puist-d sònraichte airson cheistean.	Bliadhna 1	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhith	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Brosnachadh a' leantainn	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Ùraichidh sinn an duilleag 'Fios Thugainn' air an làraich-lìn againn gus an teachdaireachd a chur air adhart gu bheilear daonnan a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig
Brosnachadh a' leantainn	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Cuiridh sinn an aithris ris an teacsa stannardach air duilleagan cùil nan Sgrìobhainnean Corporra.	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach	Seirbheisean corporra - Dealbhadh
Brosnachadh a' leantainn	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Nì sinn eàrr-sgrìobhadh puist-d agus teachdaireachd a-mach-à-oifis stannardach airson a h-uile neach-obrach a tha ag iarraidh seo.	Bliadhna 2	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig
Brosnachadh a' leantainn	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Brosnaichidh sinn luchd-obrach gus goireas #cleachdi aig Bòrd na Gàidhlig a chleachdadh gus am bi luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig nas faicsinniche do chàch a chèile agus gus cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan poblach a bhrosnachadh.	Bliadhna 2	Taic ga thoirt dhan Oifigear Gàidhlig leis an sgioba Buileachaidh is Sgrùdaidh Gàidhlig.
Conaltradh sgrìobhte Bithear daonnan a' gabhail ri Conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus bheirear seachad freagairtean sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitchinn.	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, stèidhichidh agus sgaoidh sinn fios mun phròiseas a-staigh airson a bhith a' dèiligeadh ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig
Fàilteachas is Fòn Far am bi e comasach do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, thèid taic a chumail riutha gus seo a dhèanamh agus thèid an t-	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Nì sinn an Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig gus luchd-obrach le Gàidhlig a chomharrachadh (agus dreuchdan a tha iomchaidh, i.e. luchd-obrach ionad fàilte) a dh'fhaodadh a bhith comasach air an t-seirbheis seo a thoirt seachad.	Bliadhna 1	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig, le taic bho Sgioba nan Daoine

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhith	Ceann-latha targaid	Dleastanas
seirbheis a bhrosnachadh dhan phoball.				
Fàilteachas is Fòn a' leantainn	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Bidh cothrom aig luchd-obrach trèanadh iomchaidh fhaighinn gus an ionnsaich iad mar a nì iad fàilte sa Ghàidhlig.	Bliadhna 2	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig, le taic bhon sgioba L&D
Fàilteachas is Fòn a' leantainn	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Brosnaichidh sinn luchd-obrach gus fàilte Ghàidhlig ionnsachadh.	Bliadhna 2	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig, le taic bhon sgioba L&D
Fàilteachas is Fòn a' leantainn	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Far an urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig seirbheis a thoirt seachad, cumaidh sinn taic riutha gus seo a dhèanamh agus brosnachaidh sinn seo gu gnìomhach.	Bliadhna 2	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig, le taic bhon sgioba L&D
Coinneamhan poblach Tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh agus gam brosnachadh gu cunbhalach.	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Stèidhich sinn slatan-tomhais airson a bhith a' cumail choinneamhan poblach gu dà-chànanach no anns a' Ghàidhlig.	Bliadhna 2	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig le taic bho Bhuidheann Buileachaidh a' Phlana Ghàidhlig airson beachdan roinneil)
Coinneamhan poblach a' leantainn	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.	Brosnaichidh sinn Gàidhlig aig coinneamhan poblach, m.e. tro sgrìobhainnean a bhith ann le earrannan a chaidh eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig.	Bliadhna 2	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig le taic bho Bhuidheann Buileachaidh a' Phlana Ghàidhlig airson beachdan roinneil)

Fiosrachadh

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Fiosan Naidheachd Bithear a' cuairteachadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.	Tha riochdaire aig Coilltearachd agus Fearann Alba anns a' bhuidheann mar neach-conaltraidh do na meadhanan. Obraichidh sinn tron bhliadhna le BBC Alba agus eile gus susbaint Ghàidhlig a dhèanamh/ gus susbaint Ghàidhlig a chruthachadh nuair a bhios sin a dhìth.	Foillsichidh sinn prìomh fhiosan naidheachd iomchaidh sa gu dà-chànanach 'S e timcheall air 10% de na fiosan naidheachd air fad a bhios ann agus bidh am figear seo ag èirigh gach bliadhna.	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach.	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig agus Conaltradh
Meadhanan Sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.	Tha a' Ghàidhlig ga cleachdadh air susbaint air meadhanan sòisealta Choilltearachd agus Fearann Alba mar-thà. Mar eisimpleir, rinn sinn quiz air na seanailean sòisealta bho chionn ghoirid, le beagan cheistean sa Ghàidhlig, agus bha deagh chom-pàirteachadh ann mar thoradh air seo.	Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh na Gàidhlig ann an seanailean nam meadhanan sòisealta againn, a' sealltainn dhan luchd-leughaidh far a bheil na h-earrannan iomchaidh air an làraich-lìn gus com-pàirteachadh a bharrachd a bhrosnachadh. Bidh timcheall air 10% de na postaichean againn air na meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig agus bidh am figear seo ag èirigh gach bliadhna.	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach.	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig agus Conaltradh
Meadhanan Sòisealta a' leantainn	Mar gu h-àrd	Cruthaichidh sinn susbaint bloga agus air na meadhanan sòisealta gus ùidh a thogail am measg an luchd-leughaidh againn ann an dualchas ainmean-àite Gàidhlig ann an ainmean choilltean agus fearann gus am brosnachadh gus ionnsachadh mun dualchas, cultar agus cànan sònraichte aig na stòrasan againn.	Bliadhna 1	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig
Làrach-lìn Bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh	Tha grunn artaigean ann far a bheil Gàidhlig ga brosnachadh - ma nithear lorg air an fhacal 'Gàidhlig/Gaelic' air làrach-lìn Choilltearachd agus Fearann Alba, chithear gu bheil tòrr artaigean anns a bheil an fhacal seo.	Nì sinn eadar-theangachadh Gàidhlig de theachdaireachd fàilte an Àrd-oifigeir air an làraich-lìn.	Bliadhna 1	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhith	Ceann-latha targaid	Dleastanas
an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.				
Làrach-lìn a' leantainn	Mar gu h-àrd	Brosnaichidh is nì sinn sanasachd airson goireasan Aibidil na Gàidhlig le craobhan	Bliadhna 1	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig, agus sgioba Seirbheisean Luchd-tadhail nàiseanta
Làrach-lìn a' leantainn	Mar gu h-àrd	Cruthaichidh sinn susbaint taobh a-staigh na làraich-lìn againn a' mìneachadh dualchas, cultar agus cànan co-cheangailte sònraichte do choilltean agus fearann na h-Alba. Bidh susbaint a' gabhail a-steach faidhlichean fuaim far an gabh sin a dhèanamh gus cuideachadh le tuigse agus com-pàirteachadh an luchd-cleachdaidh.	Bliadhna 2	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig
Foillseachaidhean Corporra Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine	Tha tòrr eisimpleirean de chleachdadh làithreach againn san raon seo, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> • Pàirtean de sgrìobhainnean air an eadar-theangachadh, duilleagan dà-chànanach airson làraichean luchd-tadhail, fiosrachadh air eadar-theangachadh air làraichean. • Susbaint Ghàidhlig anns na foirmean planaigh do Luchd-tadhail. • Fios cruinn-eòlach ga chleachdadh airson ainmean pròiseict, làraichean agus coupes • Tha fuaim-eòlas air a chleachdadh ann an cuid de 	Beachdaichidh sinn air gach iarrtas eadar-theangachaidh a gheibhear. Cuiridh sinn cuideachd ris an àireamh de sgrìobhainnean corporra anns a bheil susbaint Ghàidhlig.	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach	Seirbheisean Corporra

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhith	Ceann-latha targaid	Dleastanas
	dh'fhoillseachaidhean gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh le fuaimneachadh			
Foillseachaidhean Corporra a' leantainn	Mar gu h-àrd	Cuiridh sinn ri foillsichidhean agus sgrìobhainnean dà-chànanach.	Bliadhna 2	Seirbheisean Corporra
Foillseachaidhean Corporra a' leantainn	Mar gu h-àrd	Nì sinn cinnteach gun cùm Planaichean Leasachaidh Fearainn ainmean Gàidhlig agus nach tèid an atharrachadh.	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach	Stiùireadh Fearainn
Foillseachaidhean Corporra a' leantainn	Mar gu h-àrd	Cuiridh sinn ris an àireamh de chlàraidhean fuaime agus gus na dòighean anns a bheil sinn a' cleachdadh na Gàidhlig san eadar-mhìneachadh againn a leudachadh far an gabh sin dèanamh.	Bliadhna 3	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan
Foillseachaidhean Corporra a' leantainn	Mar gu h-àrd	Cumaidh sinn oirnn a' mìneachadh na tha ainmean-àite Gàidhlig agus ainmean feartan nàdarra sa Ghàidhlig a' ciallachadh.	Leantainneach	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan - le taic bhon Oifigear Gàidhlig
Foillseachaidhean Corporra	Bidh sinn a' foillseachadh grunn ghoireasan foghlaim sa Ghàidhlig air pàipear agus air-loidhne.	Obraichidh sinn le buidhnean eile, a' gabhail a-steach Foghlam Alba, gus ar goireasan foghlaim is cultair a leudachadh, le bhith a' cruthachadh còig goireasan ùra taobh a-staigh beatha an eagrain seo den phlana.	Leantainneach	Diofar ghnìomhan - le taic bhon oifigear Gàidhlig
Cleachdadh a' chàin Tha pròiseas an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns an fhiosrachadh chorporra aig ìre àrd.	Tha am pròiseas an sàs agus cuideachd mar phàirt den Fhoirm Planaidh Luchd-tadhail taobh a-staigh nan roinnean.	Nì sinn cinnteach gu bheil fios aig gach Roinn aig Coilltearachd agus Fearann Alba mun phròiseas seo a tha an gnìomh mar-thà agus foillsich fiosrachadh/am pròiseas air Saltire/eadra-lion.	Bliadhna 1	

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Cleachdadh a' chànan a' leantainn	Tha am pròiseas an sàs agus cuideachd mar phàirt den Fhoirm Planaidh Luchd-tadhail taobh a-staigh nan roinnean.	Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil a' beachdachadh air ruigsinneachd na Gàidhlig nuair a thathar a' cruthachadh an fhiosrachaidh chorporra air fad.	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig
Taisbeanaidhean Bu chòir coimhead air cothroman agus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas air a thoirt dhan fheadhainn leis a' bhuidheas as motha.	Gu h-eachdraidheil, chaidh luchd-obrach gu ceithir fèilltean dhreuchdan ann an Inbhir Nis, a' riochdachadh Coimisean na Coilltearachd agus Coilltearachd agus Fearann Alba thairis air ceithir bliadhna. Chaidh an tachartas seo a chur dheth ann an 2020.	Beachdachaidh sinn air dè na taisbeanaidhean a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson tadhail air no airson cumail, agus gus stuthan/fiosrachadh a thoirt seachad sa Ghàidhlig no gu dà-chànanach.	Bliadhna 3	Sgìrean - le taic bho Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus bhon Oifigear Gàidhlig

Luchd-obrach

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
In-sgrùdadh Dèan sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.	Dèan in-sgrùdadh air sgilean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh.	Bliadhna 1	Sgioba nan Daoine – le taic bhon Oifigear Gàidhlig
Aithisgean In-sgrùdaidh a' leantainn	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.	Dèan sgrùdadh gach bliadhna	Bliadhna 2 , 3, 4, 5	Sgioba nan Daoine – le taic bhon Oifigear Gàidhlig
Inntrigeadh Bidh fios mu phlana Ghàidhlig an ùghdarrais mar phàirt den inntrigeadh aig luchd-obrach ùra uile	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.	Cuir fios mun Phlana Ghàidhlig anns a' phròiseas inntrigidh airson an luchd-obrach uile. Dèan cinnteach gu bheil a' toirt iomradh air cothroman airson trèanadh Gàidhlig tro inntrigeadh, cho math ri goireas	Bliadhna 1	Sgioba nan Daoine – le taic bhon Oifigear Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
		Sam bith a tha a' mìneachadh a' cheangail eadar an talamh is Gàidhlig.		
Trèanadh càinain Trèanadh is leasachadh ann an sgìlean Gàidhlig gu bhith air a thabhann dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur an gnìomh plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.	Chaidh seo a thabhann leis a' bhuidhinn a bh' ann romhainn, chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.	Brosnaich goireasan an-asgaidh a tha rim faighinn bho Duolingo agus LearnGaelic.scot gu SMO.	Bliadhna 1	Sgioba nan Daoine – (L&D) le taic bhon Oifigear Gàidhlig
Trèanadh càinain a' leantainn	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.	Coimhead air, agus an uair sin thoir seachad, trèanadh / taic do luchd-obrach iomchaidh air fuaimneachadh bunaiteach air ainmean Gàidhlig.	Bliadhna 3	Sgioba nan Daoine – (L&D) le taic bhon Oifigear Gàidhlig
Trèanadh càinain a' leantainn	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.	Airson cuid de dhreuchdan, dèan cinnteach gu bheil an trèanadh mar phàirt de dh'Amasan Leasachaidh Pearsanta.	Leantainneach	Sgioba nan Daoine
Trèanadh mothachaidh Trèanadh mothachaidh Gàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh gu dìreach leis a' mhòr-shluagh.	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo. Ruith a' bhuidheann a bh' ann romhainn seiseanan mothachaidh Gàidhlig gu h-eachdraidheil.	Nì sinn seiseanan mothachaidh Gàidhlig a-rithist, le prìomhachas airson an Sgioba-stiùiridh, Buill a' Bhùird agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh leis a' phoball agus an fheadhainn a tha ag obair ann an coimhearsnachdan eileanach is dùthchail.	Bliadhna 2	Sgioba nan Daoine – (L&D) le taic bhon Oifigear Gàidhlig
Trèanadh mothachaidh a' leantainn	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.	Nì sinn conaltradh le buidhnean coimhearsnachd ionadail agus ionadan ionnsachaidh a tha a' cleachdadh no a' brosnachadh Gàidhlig gus na coilltean is am fearann nàiseanta a bhrosnachadh.	Bliadhna 2	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail
Fastadh Ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgìlean Gàidhlig taobh a-	Chan eil cleachdaidhean an sàs aig an àm seo.	Bheir sinn iomradh air Plana Gàidhlig Coilltearachd Fearainn Alba ann an tuairisgeulan obrach agus sanasan obrach iomchaidh.	Bliadhna 2	Sgioba nan Daoine

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
staigh a' phròiseas fastaidh tron ùghdarras phoblach air fad.				
Fastadh a' leantainn	Chan eil cleachdaidhean an sàs aig an àm seo.	Bheir sinn seachad dealbhan obrach ann an Gàidhlig airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach airson na h-obrach.	Bliadhna 2	Sgioba nan Daoine
Fastadh a' leantainn	Chan eil cleachdaidhean an sàs aig an àm seo.	Brosnachaidh sinn Gàidhlig agus am plana Gàidhlig aig Coilltearachd agus Fearainn Alba tron phròiseas fastaidh againn.	Bliadhna 1	Sgioba nan Daoine
Fastadh a' leantainn	Chan eil cleachdaidhean an sàs aig an àm seo.	Comharraichidh sinn dleastanasan far a bheil Gàidhlig na phrìomh sgìl agus nì sinn sanasachd airson nan dreuchdan sin ann an Gàidhlig agus Beurla.	Bliadhna 2	Sgioba nan Daoine
Fastadh a' leantainn	Chan eil cleachdaidhean an sàs aig an àm seo.	Beachdaichidh sinn air Gàidhlig a chomharrachadh mar sgìl a bhiodh na bhuannachd airson dreuchdan sònraichte agus sgrìobh stiùireadh do manaidsearan air seo.	Bliadhna 2	Sgioba nan Daoine
Fastadh Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgìl riatanach.	Chan eil cleachdaidhean an sàs aig an àm seo.	Ma thèid a' Ghàidhlig a chomharrachadh mar sgìl riatanach, nì sinn sanasachd airson na dreuchd ann an Gàidhlig is Beurla.	Bliadhna 2	Sgioba nan Daoine

Corpas na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na	Tha sinn air obrachadh le grunn sgrìobhadairean agus eadar-theangairean Gàidhlig agus bidh sinn a'	Obraichidh sinn le Bòrd na Gàidhlig a thaobh liosta de sgrìobhadairean is eadar-theangairean Gàidhlig. Beachdaichidh sinn cuideachd air a' bhuidhe aig seo air daoine	Bliadhna 1 agus an uair sin leantainneach.	Seirbheisean Corporra - Oifigear Gàidhlig, le taic bho

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhith	Ceann-latha targaid	Dleastanas
Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.	cleachdadh Ainmean-àite na h-Alba airson litreachadh ainmean-àite.	aig a bheil feumalachdan ruigsinneachd, m.e. na diofar ghoireasan dyslexia a tha rim faighinn sa Ghàidhlig.		Sgioba nan Daoine (L&D)
Ainmean-àite Bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.	Bidh sinn a' cleachdadh Ainmean-àite na h-Alba airson litreachadh nan ainmean-àite agus tha bàrdachd a chaidh a sgrìobhadh sa Ghàidhlig air cuid de na duilleagan-lìn aig Coilltearachd agus Fearann Alba (m.e. Gleann Afraig).	Obraichidh sinn le Sgoiltean/Ionadan Gàidhlig gus tursan do choilltean a bhrosnachadh gus nach tèid briathrachas Gàidhlig a chall a thaobh craobhan, coilltean is mar sin air adhart.	Bliadhna 2 agus an uair sin leantainneach	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan le taic bhon Oifigear Gàidhlig
Ainmean-àite a' leantainn	Mar gu h-àrd.	Cuiridh sinn ris na duilleagan gnìomhan againn do chloinn agus do na goireasan againn do dh'inbhich.	Bliadhna 2	Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan
Ainmean-àite a' leantainn	Mar gu h-àrd.	Cuiridh sinn ainmean-àite ann an gearr-chunntas den Phlana Ghàidhlig.	Ro bhliadhna 1	Seirbheisean Corporra
Ainmean-àite a' leantainn	Mar gu h-àrd.	Cuiridh sinn aon neach-conaltraidh air dòigh airson litreachadh ainmean-àite agus sgaoilidh sinn am fiosrachadh tron bhuidhinn air fad.	Bliadhna 1	Oifigear Gàidhlig
Ainmean-àite a' leantainn	Mar gu h-àrd.	Obraichidh sinn le Coilltearachd na h-Alba gus goireas nàiseanta ullachadh a dh'fhaodar a chleachdadh ann an sgoiltean/suidheachaidhean foghlaim stèidhichte air an aibideil Ghàidhlig agus an dàimh ri gnèithean chraobhan.	Bliadhna 3	Oifigear Gàidhlig le taic bho Sgioba Nàiseanta an Luchd-tadhail agus nan Coimhearsnachdan

4. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta

Tha Coilltearachd agus Fearann Alba ag aithneachadh gum bi a' Ghàidhlig a' cur ri coileanadh an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta tro na buannachdan sòisealta, eaconamach agus foghlaim a tha i a' toirt seachad.

Tha Coilltearachd agus Fearann Alba air còig Builean Corporra a chruthachadh, a tha an co-rèir ri Builean Nàiseanta na h-Alba, a tha a' mìneachadh na tha sinn airson coileanadh bhon phrògram obrach againn mar bhuidheann-ghnìomh aig Riaghaltas na h-Alba. Cuidichidh buileachadh a' Phlana Ghàidhlig seo le bhith a' lìbhrigeadh nam Builean Corporra a leanas:

- A' cumail taic ri Eaconomaidh Sheasmhach
- Coilltean agus fearann nàiseanta airson luchd-tadhail agus coimhearsnachdan
- Buidheann thaiceil, shàbhailte agus in-ghabhalach
- Buidheann àrd-dèanadais.

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mu na Builean Corporra againn agus ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta sa Phlana Chorporra againn.

5. Foillseachadh

Thèid Plana Gàidhlig Coilltearachd agus Fearann Alba fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- Cuiridh sinn a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana, le taic bho shusbaint iomchaidh sna meadhanan sòisealta.
- Sgaoilidh sin lethbhreacan den phlana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn
- Sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis

- Cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

Thèid fiosrachadh mu fhoillseachadh a' Phlana Ghàidhlig a sgaoileadh dhan luchd-obrach againn tro na sheanailean conaltraidh a-staigh againn. Bidh am fiosrachadh a' gabhail a-steach fiosrachadh mu dhleastanas airson libhrigeadh agus na cothroman do luchd-obrach a bhith a' cleachdadh an cuid Gàidhlig agus/no a bhith a' cur ris na sgilean aca.

6. A' goireasachadh a' Phlana

Chan eil Coilltearachd agus Fearann Alba an dùil cosgaisean susbainteach a bharrachd a bhith ann mar thoradh air na gealltanasan seo, ach a-mhàin cosgaisean luchd-obrach agus eadar-theangachaidh, a thig à buidseatan a th' ann mar-thà. Dh'fhaodte gun tèid maoineachadh bhon taobh a-muigh iarraidh airson pròiseactan fa leth, mar eisimpleir, a' cruthachadh stuthan margaideachd, goireasan didseatach sa Ghàidhlig agus goireasan Gàidhlig airson ionnsachadh leis an luchd-obrach agus mothachadh/trèanadh an luchd-obrach.

7. A' sgrùdadh a' Phlana

Sgrìobhaidh agus foillsichidh sinn aithisg dearcnachaidh gach bliadhna bho 12 mìosan às dèidh ceann-latha aonta a' Phlana agus gach bliadhna às dèidh sin. Thèid an aithisg a chur gu Bòrd na Gàidhlig agus bi e ri fhaighinn dhan phoball. Thèid fios mun aithisg a cho-roinn le luchd-obrach tro sheanailean conaltraidh taobh a-staigh na buidhne.

8. Am Plana Gàidhlig ann am FLS

8.1 Uallach airson a' phlana air a' cheann thall

Tha uallach air Ceann nan Seirbheisean Corporra airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Coilltearachd agus Fearann Alba. Is urrainnear fios a chur thuige mar a leanas: -

Michael Hymers
Ceann nan Seirbheisean Corporra
Coilltearachd agus Fearann Alba
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW

Fòn – 0300 067 6000

Michael.hymers@forestryandland.gov.scot

8.2 Uallach làitheil airson a' phlana

Tha uallach làitheil air Oifigear Gàidhlig Coilltearachd agus Fearann Alba airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Coilltearachd agus Fearann Alba. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Corporate@forestryandland.gov.scot

(Thoir an aire gun tèid fiosrachadh a dhaingneachadh anns an dreachd fhoillsichte den phlana às dèidh cuideigin a bhith air fhadhadh dhan dreuchd.)

8.8 Buidheann buileachaidh is sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig

Mar a mhol Bòrd na Gàidhlig, cruthaichidh Coilltearachd agus Fearann Alba Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh airson a' Phlana Ghàidhlig. Bidh seo na buidheann de cho-obraichean à air feadh na buidhne. Thathar a' sgrìobhadh bun-riaghailtean na buidhne aig an seo agus thèid seo fhoillseachadh san tionndadh fhoillsichte den Phlana Ghàidhlig.

8.4 A' Co-obrachadh le Luchd-obrach

Mar a chaidh mìneachadh gu h-àrd, thèid fiosrachadh mu fhoillseachadh a' Phlana Ghàidhlig a sgaoileadh leis an luchd-obrach againn tro na seanailean conaltraidh a-staigh againn. Bidh am fiosrachadh a' gabhail a-steach fiosrachadh mu dhleastanasan Coilltearachd agus Fearann Alba a thaobh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005; dleastanas airson libhrigeadh; agus na cothroman do luchd-obrach a bhith a' cleachdadh an cuid Gàidhlig agus/no a bhith a' cur ris na

sgilean aca. Obraichidh oifigear Gàidhlig Choilltearachd agus Fearann Alba le luchd-obrach, a bharrachd air an fheadhainn a tha an urra ri seo gus taic a chumail ri bhith a' cur gnìomhan aontaichte an gnìomh.

8.5 Buidhnean Leth-eisimeileach is Treas Pàrtaidhean

Bheirear fiosrachadh mun Phlana Ghàidhlig againn dhan a h-uile buidheann a tha a' libhrigeadh seirbheisean/bathar às leth Coilltearachd agus Fearann Alba. Nì seo cinnteach gun urrainn do chunnradairean agus treas-phàrtaidhean eile a bhith mothachail air, agus gun urrainn dhaibh cuideachadh gus na gealltanasan anns a' phlana a libhrigeadh far a bheil seo iomchaidh.

9.0 Eàrr-ràdh 1 - Toraidhean na Co-chomhairle

Facal-tòiseachaidh

Chaidh a' cho-chomhairle phoblach air dreachd Plana Gàidhlig Coilltearachd is Fearann Alba fhoillseachadh air 29 Samhain 2021 agus dhùin i air 3 Faoilleach 2022. Bha dreachd plana a bha ruigsinneach agus furasta a chleachdadh ri fhaighinn dhan phoball, do luchd-ùidh agus do bhuidhnean eile. Bha e air an làraich-lìn againn agus chaidh cur air bhog a' phlana a bhrosnachadh tro na seanailean meadhanan sòisealta againn leithid Twitter, Facebook agus msaa. Bha dreachan Beurla is Gàidhlig den cho-chomhairle rim faighinn. Mar thoradh air galar lèir-sgaoilte COVID-19 cha robh coinneamh phoblach ann gus a' cho-chomhairle a shanasachadh. Anns a' cho-chomhairle, bha an dreachd phlana agus cothrom molaidhean a chur ris an dreachd phlana tro fhoirm fios-air-ais.

Modhan-obrach

Bha a' cho-chomhairle beò fad sia seachdainean air làrach-lìn Coilltearachd is Fearann Alba. Mar a chaidh ainmeachadh roimhe, bha an dreachd phlana agus am foirm fios-air-ais rim faighinn an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig agus bha iad làn ruigsinneach gus am biodh iad cho furasta a chleachdadh 's a ghabhadh. Bha lethbhreacan a ghabhadh clò-bhualadh rim faighinn air iarrtas. Thug am foirm fios-air-ais cothrom do luchd-ùidh sealladh iomlan a thoirt seachad air gach taobh den phlana, aon uair is gun robh seo dèante, b' urrainn do luchd-ùidh na beachdan uile aca a chur dhan t-seòladh puist-d chorporra againn. Air sgàth dìth ùine cha robh e comasach dhuinn ceisteachan a thabhann ach bha am foirm fios-air-ais a' toirt cothrom do dhaoine na beachdan aca a chur a-steach, beag no mòr.

Chaidh a h-uile fios air ais a fhuaradh a chur air adhart chun an sgioba Leasachaidh Chorporra airson ath-sgrùdadh agus gus beachdachadh air atharrachaidh sam bith a bha a dhith air a' phlana.

Toraidhean

Uile gu lèir, fhuair sinn 6 fhreagairt dhan cho-chomhairle;

- 2 sa Ghàidhlig
- 3 bhon taobh a-staigh
- 1 bhon taobh a-muigh (a' gabhail a-steach buidhnean eile)

Thathas den bheachd gu bheil an ìre freagairt ìosal mar thoradh gu ìre air a' cho-chomhairle a bhith air a cumail aig àm nan saor-làithean. Gu mì-fhortanach air sgàth cuingealachadh ùine agus prìomhachasan eile na buidhne, b' e an ùine co-chomhairleachaidh a chaidh a thaghadh an aon roghainn a bha againn.

Ged a bha ìre freagairt ìosal ann, bha na freagairtean a fhuairidh uile fàbharach dhan phlana agus san fharsaingeachd glè fhàbharach le beagan mholaidhean gus cur ris an dreachd.

Cuspairean nam Freagairtean

Nochd grunn threandaichean cumanta nuair a bhathar a' dèanamh lèirmheas air na freagairtean: Nam measg bha:

- **Ionnsachadh** – Fhreagair luchd-ùidh gu fàbharach a thaobh a' mholaidh a thaobh ionnsachadh sa phlana. Am measg nam molaidhean bha gum bu chòir aplacaidean mar 'Duolingo' a bhith air brosnachadh agus gum bu chòir cùrsaichean eachdraidheil a bhith rim faighinn dhan luchd-obrach.
- **Mothachadh** – Bha taic làidir ann airson a bhith a' ruith seiseanan mothachaidh a-rithist. Tha an gnìomh seo mar phàirt den phlana mar-thà.
- **Làrach** -lìn – Beachdaich air Gàidhlig a chleachdadh ann am mìneachadh dualchais air duilleagan-lìn a' gabhail a-steach faidhlichean fuaime gus taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus cuideachd gus eòlas a thoirt seachad air a' chànan ann an dòigh tharraingeach do dhaoine aig nach eil Gàidhlig.
- **Fiosrachadh** – A thaobh Fèilltean Dreuchd: Bu chòir taic a chur ri fèilltean dreuchd Gàidhlig sònraichte; bu chòir luchd-obrach a bhrosnachadh gu bhith an làthair le luchd-obrach sam bith le Gàidhlig a tha deònach cuideachadh
- **Soidhnichean** – Bha a' mhòr-chuid de luchd-ùidh toilichte leis a' phlana a chaidh a mholadh gus soidhnichean dà-chànanach a chur an àite seann shoidhnichean ann am 'prìomh sgìrean agus sgìrean iomallach' nuair a thathar gu bhith air an ath-nuadhachadh ach bha draghan ann nach biodh soidhnichean dà-chànanach gu bhith ann ach a-mhàin anns na 'Prìomh sgìrean agus sgìrean iomallach'.

Ceistean

Chaidh beachdachadh gu faiceallach air fios air ais bho luchd-ùidh. Chaidh na gnìomhan gu h-ìosal a ghabhail mar fhreagairt air cuspairean a nochd anns na freagairtean;

- **Ionnsachadh** – Mar fhreagairt air fios air ais bho luchd-ùidh tha sinn air an lèirmheas air stuthan ionnsachaidh a ghluasad air adhart gus an tèid atharrachaidhean a dhèanamh agus beachdachadh air goireasan a bharrachd nas luaithe ma bhios feum air seo.
- **Mothachadh** – Tha am moladh seiseanan mothachaidh a ruith a-rithist sa phlana mar-thà, agus mar sin cha robh feum againn air an gnìomh làithreach atharrachadh san dreach seo.

- **Làrach** -lìn – Tha sinn air an gnìomh co-cheangailte ri mìneachadh dualchais Ghàidhlig atharrachadh air na duilleagan-lìn againn gus faidhlichean fuaim a bhith ann far an gabh sin dèanamh gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus cuideachd a bhith a’ sealltainn a’ chànain do dhaoine aig nach eil Gàidhlig ann an dòigh tharraingeach nuair a thathar a’ dealbhadh susbaint ùr.
- **Fiosrachadh** – Mar a tha air a mhìneachadh sa phlana, beachdaichidh roinnean air a bhith a’ dol gu fèilltean dhreuchdan le taic bho Oifigear na Gàidhlig nuair a bhios iad san dreuchd.
- **Soidhnichean**: Obraichidh sinn le Bòrd na Gàidhlig gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air an sgrìobhainn ‘Prìomh sgìrean is sgìrean iomallach’ a tha a’ mìneachadh far an cleachd sinn soidhnichean Gàidhlig no dà-chànanach.

San dealachadh, bu mhath le Coilltearachd is Fearainn Alba taing a thoirt dhan a h-uile duine a ghabh pàirt sa cho-chomhairle air an dreuchd phlana. Chan eil sinn den bheachd gu bheil feum air atharrachadh bunaitich air an dreuchd phlana mar thoradh air a’ cho-chomhairle. Tha an dreuchd phlana sùbailte gu leòr mar-thà gus freagairt air mòran de na puingeann a thog luchd-freagairt agus chaidh gabhail ri atharrachaidhean beaga.